

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Dà Luinneig

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,199. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 895 corresponds to Litir 1,199. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir and www.learnghaelic.scot/litir. Ruairidh can be contacted at fios@learnghaelic.scot.

Bu mhath leam na briathran airson **dà òran bheag thraidiseanta** a thoirt dhuibh an t-seachdain seo. Thuirt mi 'òrain', ach 's dòcha gum biodh an t-òran 'luinneagan' a cheart cho freagarrach. Luinneag – a ditty. 'S e a' chiad fhear **Moladh a' Bhàta**. *Praising the boat. Moladh a' Bhàta*. Tha rudeigin sònraichte mun bhàta – a dath. Tha i buidhe.

Seo mar a tha e a' dol. Seo an t-sèist. Mo bheannachd air a' bhàta bhuidhe, 'S ann an-diugh tha feum oirr'. Mo bheannachd air a' bhàta bhuidhe.

Agus seo agaibh a' chiad rann. Am bàta buidhe bòidheach. 'S na seòid innt' ann an lèintean. Mo bheannachd air a' bhàta bhuidhe, 'S ann an-diugh tha feum oirr'. Mo bheannachd air a' bhàta bhuidhe.

Leanaidh mi orm leis a' chòrr dhen òran. Thug sinn an Cuan Siar dhi, Mun d' rinn a' ghrian ach èirigh. Mo bheannachd air a' bhàta bhuidhe, 'S ann an-diugh tha feum oirr'. Mo bheannachd air a' bhàta bhuidhe.

Seachad Maol Chinn Tìre, Bha siaban geal ag èirigh. Mo bheannachd air a' bhàta bhuidhe, 'S ann an-diugh tha feum oirr'. Mo bheannachd air a' bhàta bhuidhe.

'S ann [a] chuir gaoth is fairge i, Cho luath ri earb an t-slèibhe. Mo bheannachd air a' bhàta bhuidhe, 'S ann an-diugh tha feum oirr'. Mo bheannachd air a' bhàta bhuidhe.

Tha 'm bàta buidh' cho dìonach, Ri botal fion' is cèir air. Mo bheannachd air a' bhàta bhuidhe, 'S ann an-diugh tha feum oirr'. Mo bheannachd air a' bhàta bhuidhe. Tha an rann mu dheireadh ag innse dhuinn gu bheil an luinneag gu math sean. Aig an àm sin, bhiodh botal fion' air a sheulachadh le cèir, seach le àrc no ceap-botail mar a th' againn gu tric an-diugh.

'S e an t-ainm a th' air an dàrna luinneig Mionam air a' Ghille Bheag. Tha sin a' ciallachadh *'the wee lad is such a sweetie'*. Mionam air a' Ghille Bheag. Ach cha bhi an gille beag a-chaoidh, mar a chluinneas sinn anns an òran! Seo na faclan, ma-thà: Mionam air a' ghille bheag, Cuin a bheir e gùn dhomh? Cuin a bheir e còt' agus cleòc às a' bhùth dhomh? A bheil sibh a' tuigsinn sin? Tha mi cinnteach gur e boireannach a bhios a' coimhead air a' ghille bheag. Cuin a bheir e gùn dhomh? *When will he bring me a gown? Cuin a bheir e còt' agus cleòc às a' bhùth dhomh? When will he bring me a coat and cloak from the shop?* Seo, ma-thà, an còrr dhen luinneig.

Mionam air a' ghille bheag, Cuin a bheir e gùn dhomh? Nuair dh'fhàsas e làidir, 'S a dh'fhàgas e an dùthaich.

Mionam air a' ghille bheag, Cuin a bheir e gùn dhomh? Bidh siùil ri crainn àrda, 'S mo ghràdh-sa ga stiùireadh.

Mionam air a' ghille bheag, Cuin a bheir e gùn dhomh? Nach mis' a bhitheas bòstail, Nuair sheòlas e an iùbhrach. 'S dòcha nach bi sibh eòlach air an fhacal *iùbhrach*. Seòrsa de bhàta – *cutter* ann am Beurla.

Mionam air a' ghille bheag, Cuin a bheir e gùn dhomh? Nuair ruigeas e na h-Innsean, Thig sìoda gam ionnsaigh.

Mionam air a' ghille bheag, Cuin a bheir e gùn dhomh? Cuin a bheir e còt' agus cleòc às a' bhùth dhomh?

* * * * *

Faclan na Litreach: sèist: *chorus*; a' chiad rann: *the first verse*; Maol Chinn Tìre: *Mull of Kintyre*; siaban geal: *white spindrift*; sean: *old*; gùn: *gown*.

Abairtean na Litreach: 's dòcha gum biodh an tiotal 'luinneagan' a cheart cho freagarrach: *perhaps the title 'ditties' would be just as suitable*; tha rudeigin sònraichte mun bhàta – a dath: *there is a special thing about the boat – her colour*; mo bheannachd air a' bhàta bhuidhe: *my blessing on the yellow boat*; 's ann an-diugh tha feum oirr': *it's today she is needed*; na seòid innt' ann an lèintean: *the heroes in her [dressed] in smocks*; leanaidh mi orm leis a' chòrr dhen òran: *I'll continue with the rest of the song*; thug sinn an Cuan Siar dhi: *we took her on the Minch*; mun d' rinn a' ghrian ach èirigh: *before the sun had barely risen*; 's ann [a] chuir gaith is fairge i cho luath ri earb an t-slàibhe: *wind and sea made her as swift as the mountain roe [deer]*; tha 'm bàta buidh' cho dìonach ri botal fion' is cèir air: *the yellow boat is as watertight as a bottle of wine with wax on it*; air a sheulachadh le cèir: *sealed with wax*; seach le àrc no ceap-botail: *rather than with a cork or bottle top*; mionam air a' ghille bheag: *the wee lad is a total sweetie*; cha bhi an gille beag a-chaidh: *the lad won't always be wee*; cuin a bheir e còt' agus cleòc às a' bhùth dhomh?: *when will he bring me a coat and cloak from the shop?*; nuair dh'fhàsas e làidir, 's a dh'fhàgas e an dùthaich: *when he grows strong and leaves the country*; bidh siùil ri crainn àrda, 's mo ghràdh-sa ga stiùireadh: *sails will be on the tall masts and my love steering it*; nach mis' a bhitheas bòstail, nuair sheòlas e an iùbhrach: *it's me that will be boastful when he sails the boat*; nuair ruigeas e na h-Innsean: *when he reaches India*; thig sìoda gam ionnsaigh: *silk will come to me*.

Puing-chànain na Litreach: Moladh a' Bhàta: Note that the word *bàta* is masculine and behaves grammatically like a masculine noun – so it is a' bhàta in the definite genitive singular, not na bàta. However, when it comes to using a pronoun to discuss the boat, she is feminine and we use the third personal singular feminine pronoun 'i'.

Gnàthas-cainnt na Litreach: dà òran bheag thraidiseanta: two wee traditional songs. Note the lenition of the adjectives in the dual case.

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoinachadh le MG ALBA